

Dhiùlt am bodach fodar dhomh

Dhiùlt am bodach fodar dhomh
'S gun d' dhiùlt am bodach feur
dhomh
Dhiùlt am bodach fodar dhomh
A chuirinn fo mo shliasaid (x2)

Dhiùlt am bodach fodar dhomh
'S gun d' dhiùlt am bodach feur
dhomh (x3)
Gun d' dhiùlt am bodach luideach
odhar
As an t-sabhal feur dhomh

*The old man refused me straw
The old man refused me hay
The old man refused me straw
To put under my thigh (x2)*

*The old man refused me straw
The old man refused me hay (x3)
The ragged, fallow old man
In the barn refused me hay.*

Poca Sìl an t-Sealagair

Eadaraibh a huinn o, poca sìl an t-
sealgair (x3)
Am poc a bh' air, an sac a bh' air,
am poc a bh' air 's e falbh leis

Am poc a bh' air, an sac a bh' air,
am poc a bh' air 's e falbh leis (x3)
Eadaraibh a huinn o, poca sìl an t-
sealgair

Eadaraibh a huinn o, the hunter's
bag of seeds (x3)
The bag on him, the sack on him,
the bag on him and him leaving
with it.

The bag on him, the sack on him,
the bag on him and him leaving
with it. (x3)
Eadaraibh a huinn o, the hunter's
bag of seeds

Bodachan a' Ghàrraidh

Bodachan a' Ghàrraidh
Cho frioganta 's cho froganta
Bodachan a' Ghàrraidh
Cho frioganta 's bha e riamh

Hò gu robh nighean aige
Hè gu robh nighean aige
Hò gu robh nighean aige
Air an robh Catriona liath

Hò gun robh banais aice
Hè gun robh banais aice
Hò gun robh banais aice

Little man of the garden
So cheery and so lively
Little men of the garden
As cheery as he ever was.

Hò he had a girl
Hè he had a girl
Hò he had a girl
Who was called grey Catrina.

Hò she had a wedding
Hè she had a wedding
Hò she had a wedding

Siud a' bhanais air robh 'm biadh

That was the wedding with the
food.

Bha buntàta mòr ann
Bioraichean 's langaichean
Bha buntàta mòr ann
'S chearc bhreac a bh' air a' chliabh.

There were big potatoes there
Heifers and guillemots
There were big potatoes there
And the speckled hen that was on
the creel

Còta Geàrr Sgiobalta

'S còta geàrr sgiobalta air aon
nighean Dhòmhnail Dharaich.
'S còta geàrr sgiobalta air aon
nighean Dhòmhnail. (x2)

And a short, neat coat on one of
Donald Darroch's girls.
And a short, neat coat on one of
Donald's girls. (x2)

Aon nighean, dà nighean,
Aon nighean Dhòmhnail Dharaich.
Aon nighean, dà nighean,
Aon nighean Dhòmhnail.
Aon nighean, dà nighean,
Aon nighean Dhòmhnail Dharaich.
'S còta geàrr sgiobalta air aon
nighean Dhòmhnail

One girl, two girls,
Donald Darroch's one girl.
One girl, two girls,
Donald's one girl.
One girl, two girls,
Donald Darroch's one girl.
And a short, neat coat on one of
Donald's girls.

Bandeau ribinnean air aon nighean
Dhòmhnail Dharaich.
Bandeau ribinnean air aon nighean
Dhòmhnail. (x2)

Band of ribbons on one of Donald
Darroch's girls.
Band of ribbons on one of Donald's
girls. (x2)

Aon nighean, dà nighean,
Aon nighean Dhòmhnail Dharaich.
Aon nighean, dà nighean,
Aon nighean Dhòmhnail.
Aon nighean, dà nighean, Aon
nighean Dhòmhnail Dharaich.
Bandeau ribinnean air aon nighean
Dhòmhnail.

One girl, two girls,
Donald Darroch's one girl.
One girl, two girls,
Donald's one girl.
One girl, two girls,
Donald Darroch's one girl.
Band of ribbons on one of Donald's
girls.